

Duilleag Fiosrachaidh 8

Earbsa a' phobail ann an obair-phoileis

Ro-ràdh

Tha an dàimh eadar seirbheis a' phoileis agus na daoine a tha a' fuireach, ag obair 's a' tadhal air Alba deatamach airson cur ris an earbsa is misneachd gun cùm an t-seirbheis daoine sàbhailte. Tha eachdraidh fhada, pròiseil aig obair-phoileis ann an Alba, stèidhichte air a' phrionnsabal bhunaiteach gun dèanar obair-phoileis le aonta an t-sluaigh.

Dligheachd agus obair-phoileis le aonta

Gheibhear caochladh fianais, air a tional a-staigh agus bho thùsan a-muigh neo-eisimeileach, a' comharrachadh an luaich bhrìgheil a chuireas ar co-shìobhaltaich is coimhearsnachdan air an t-seirbheis poileis aca. Tha an dàimh làidir seo leis a' phoball riatanach airson obair-phoileis dhligheach.

Tha sgrùdaidhean, coltach ri feadhainn a chleachd sinn mar fhiosrachadh don aithisg seo, a' comharrachadh gu bheil obair-phoileis fhaicsinneach deatamach airson dàimh a chumail suas agus a thogail leis a' phoball. Bidh obair ionadail, ghleusta is so-fhreagrach, a tha a' tighinn suas ri feuman coimhearsnachd, daonnan aig cridhe obair-phoileis ann an Alba.

Tha e ro-dheatamach gun èist iad riutha 's gun tuig oifigearan is luchd-obrach a' phoileis na feuman aig coimhearsnachdan eadar-mheasgte, a' nochdadh co-fhaireachdainn ann an conaltradh agus a' meudachadh an comais air freagairt iomchaidh a dhèanamh. Feumaidh seirbheisean leantainn orra a bhith buntainneach, ruigsinneach is èifeachdach airson sàbhailteachd is cor math a' phobail a dhearbhadh air feadh na h-Alba.

Tha rùn aig an [ro-innleachd co-bhainnte airson obair-phoileis](#) cruth-atharrachadh a thoirt air an dòigh sa bheilear a' conaltradh ri Poileas Alba 's sam faighear ceistean fhuasgladh, ag aithneachadh 's a' freagairt gu h-iomchaidh ri feuman dhaoine fa leth is choimhearsnachdan. Tha rùn aige cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil am poball a' saolsinn gu bheilear a' cur luach orra, ag èisteachd riutha agus gu bheil iad fhèin a' toirt buaidh air dòigh-obrach a' phoileis.

Stiùireadh SPA - Obair-phoileis air leas a' phobaill

Tha am prionnsabal a thaobh "obair-phoileis air leas a' phobaill" aig cridhe Dòigh-stiùiridh an Ùghdarras air obair-phoileis ann an Alba. Tha rùn aig [Plana Corporra 2020-23](#) airson lèirsinn sa bheilear ri 'obair-phoileis air leas a' phobaill', rud a tha na bhun-stèidh do lìbhrigeadh sreath aonaichte de thoraidhean ro-innleachdail. Rinn an t-Ùghdarras sgrùdaidhean beachd a' phobaill mar phrìomh phàirt den lèirsinn seo; tha e na chuideachadh a bhith a' tuigsinn beachdan a' phobaill 's na tha gam brosnachadh airson fios a thoirt do stiùireadh obair a' phoileis ann an Alba.


Chaidh èifeachd an dòigh-obrach seo a dhearbhadh ann an [sgrùdaidhean pandemic SPA](#) a thug tuigse air na bha am poball a' fiosrachadh aig àm san robh cumhachdan is iarrtasan a' phoileis air meudachadh gu mòr.

Measadh a-muigh air earbsa a' phobaill - Teaghlaidhean Albannach agus tuigse air Alba


Fhuair [Sgrùdadh teaghlaidhean na h-Alba](#) 2020 gun robh earbsa ann an obair-phoileis aig 87% - an dàrna àite fo na seirbheisean slàinte a-mhàin (faic **Figear 1**). Fhuaras an ìre àrd earbsa seo a-rithist ann an aithisg [Tuigse air Alba](#) 2021. Le àireamh chuibheasach meidhichte den luchd-freagairt gu lèir san robh 10 co-ionann ri 'làn-earbsa' agus neoni ri 'gun earbsa', fhuair Poileas Alba sgòr 6.16 – faic **Figear 2**.

A bharrachd air seo, mheas 69% de luchd-freagairt don [Tracair YouGove Bhreatannach](#) (Iuchar 2019-Màrt 2022) gun robh an t-seirbheis 'a' dèanamh deagh-obair'. Bha seo an coimeas ri 58%-70% airson ceàrnain roinneil Bhreatainn. Tha seo ann an co-rèite ris an luach earbsa chuibheasach de 61% (seach freagairtean 'chan eil fhios agam') airson sgrùdadh a' Phoileis Agadsa thairis air a' ghreis-ùine 2020-22.

Figear 1: Sgrùdadh Teaghlaichean na h-Alba 2020 – Earbsa ann an Instituidean (%)



Figear 2: Tuigse air Alba 2021 – Earbsa ann an Institiuiden agus Buidhnean



Poileas Alba – Tuigse air fèin-fhiosrachadh luchd-cleachdaidh

Bidh Poileas Alba a’ dèanamh Sgrùdadh air Fèin-fhiosrachadh Luchd-cleachdaidh gach mìos airson obair-phoileis ionadail, ga libhrigeadh tro chom-pàirtiche rannsachaidh neo-eisimeileach Progressive Partnership Ltd. Tha an sgrùdadh ga libhrigeadh le teachdaireachd teacsa do shampall tuaireamach de mu 14,000 duine a chuir fios chun phoileis bho chionn goirid (an lùib seo, tha 101/999, conaltradh air-loidhne is poblach aig stèiseanan poileis, ach a’ fàgail às seòrsaichean eucoir/tachartais a bha fìor chugallach).


Tha an sgrùdadh ag iarraidh air daoine innse mu na dh’fhiosraich iad le seirbheisean poileis ionadail – a’ ruith air ciad chonaltradh, tuigse air feuman, oifigearan a bha an làthair (far a bheil sin iomchaidh) agus toileachas iomlan – gus an urrainn don t-seirbheis tuigse fhaighinn air slighe an neach-chleachdaidh ann am barrachd doimhneachd agus raointean a chomharrachadh airson leasachadh no mathas-cleachdaidh.

Eadar an Giblean 2021 agus am Màrt 2022, chrìochnaich 15,834 daoine an sgrùdadh Bha toileachas 68% ann a thaobh an fhèin-fhiosrachaidh iomlain aig

an àm seo. Tha roinnean-seòrsa eile airson fèin-fhiosrachadh luchd-cleachdaidh mar a leanas agus a chithear ann am **Figear 3** gu h-ìosal:

- Bha toileachas 73% ann a thaobh furastachd conaltraidh;
- Bha toileachas 84% ann a thaobh dòigh-dhèiligidh an neach-sheirbheis aig a' chiad chonaltradh;
- Bha 87% de luchd-freagairt am beachd gun robh an luchd-obrach a' tuigsinn na bha a dhìth orra;
- Bha toileachas 65% ann a thaobh freagairt iomchaidh fhaighinn;
- Thuir 55% de luchd-freagairt gun tugadh fios freagarrach dhaibh mu adhartas na cùise aca;
- Bha toileachas 80% ann a thaobh nan oifigearan a bha an làthair.

Figear 3: Dàta Poileas Alba a thaobh fèin-fhiosrachadh luchd-cleachdaidh



Tha an dàta ag innse dhuinn cuideachd gu bheil an dòigh-chonaltraidh a ceart cho cudromach 's a tha a' bhuil do dhaoine fa leth. Fhuair anailis air teachdaireachdan teasca fosgailte a thug luchd-freagairt gu bheil fèin-fhiosrachadh fàbharach a' phobail an crochadh ri:

- **Ruigsinneachd:** furastachd conaltraidh, an lùib sin, ùineachan feitheimh 101, aithriseadh air-loidhne, a' toirt fois-intinn.
- **Èifeachd:** proifeiseantachd, conaltradh soilleir, cumail fios ri daoine, a' sealltainn cothromachd is spèis.
- **So-ruighinn:** ag èisteachd gun lethbhreith, a' toirt caoimhneas is co-fhulangas, gliocas cultarach (a' cleachdadh cainnt ion-ghabhalach agus eòlas air iomadachd eadar agus am broinn choimhearsnachdan).

Ann an [rannsachadh ùr-nodha a rinn Poileas Alba agus Victim Support Scotland](#), chuir luchd-tàrsain eucoir cuideam air conaltradh èifeachdach a dh'fheumas a bhith ann eatorrasan, am poileas agus seirbheisean taice. Tha mathas a' chonaltraidh is còmhhdhalach, agus cur a-null clis gu seirbheisean taice a' toirt buaidh air slànachadh an neach agus a' lùghdachadh an dàil a dh'fhaichear a thaobh ceartas fhaighinn. A' faighinn fios as ùr, a' faireachdainn gu bheil taic iomchaidh ann agus a' faighinn èisteachd dha-rìribh uile a' cur ri misneachd is earbsa, agus a' cuideachadh daoine gun a bhith aonranach no sgarichte bho


chàch. Tha buaidh aig gach conaltradh ris a' phoileas - faodaidh aon droch-chòmhhdail cuideigin a chur dheth o bhith ag aithris eucoir agus a' cur fios is a' co-obrachadh leis a' phoileas a-rithist.

Sgrùdaidhean bheachd nàiseanta san fhad-ùine a thaobh èifeachdas a' phoileis


Tha [Sgrùdadh Eucoir is Ceartas na h-Alba](#) (SCJS) air ìrean àrda earbsa sa phoileas a nochdadh gu cunbhalach (a' meas an obair mar glè mhath, math no math gu ìre), leis a' chuid as motha a' saolsinn gun robh am poileas ri obair 'mhath' agus beachdan san fharsaingeachd air cumail cunbhalach thairis air na bliadhnaichean – faic **Figearan 4 agus 5**.

Gheibhear mac-samhail de seo ann an [Sgrùdadh-fòn Creineachdainn na h-Alba](#) (SVTS) 2020 san do shaoil 82% de luchd-freagairt gun robh poileas san sgìre aca ri obair "Glè mhath/Math/Math gu ìre".

Figear 4: Dèanadas obair-phoileis SCJS – Glè mhath/Math gu ìre/Math(%)



Figear 5: Dèanadas obair-phoileis SCJS – Glè mhath/Math gu ìre/Math(%)




Brosnaichearan earbsa a’ phobail – tuigsean bhon sgrùdadh Am Poileas Agadsa

’S e sgrùdadh ‘[Am Poileas Agadsa](#)’ sgrùdadh aig Poileas Alba a chuireadh air bhonn an 2019 airson èisteachd riutha, agus tuigse fhaighinn air beachdan coimhearsnachdan eadar-mheasgte na h-Alba. Bithear ga ùrachadh agus ga ruith gu leantainneach gach bliadhna air ùrlar Citizen Space. Tha cruthan ruigsinneach ann an leughadh furasta agus Cànan-soidhnidh Bhreatainn (BSL) rim faotainn cuideachd. Thathar ga sgaoileadh gu farsaing am measg chom-pàirtichean aig ìrean ionadail is nàiseanta. ’S e sgrùdadh fosgailte, leantainneach a th’ ann sam faod duine sam bith pàirt a ghabhail agus am beachdan air an t-seirbheis poileis a thoirt seachad aig àm sam bith.

’S e an sgrùdadh aon de na dòighean a nì an t-seirbheis conaltradh ri coimhearsnachdan ionadail airson èisteachd ri beachdan mu am feuman, earbsa agus smuaintean air seirbheis a’ phoileis. Tha dàta agus tuigsean air an cleachdadh airson taic a chumail ri planadh ionadail a’ phoileis, leasachadh seirbheise agus geur-sgrùdadh.

Tha an graf gu h-ìosal (**Figear 6**) a’ sònrachadh ìrean earbsa bhon Ghiblean 2020 chun a’ Mhàirt 2022 (nuair a bheirear freagairtean chan eil fhios agam agus gun fhreagairt air falbh). Rè na h-ùine seo, bha ìre chuibheasach earbsa a’ phobail aig 61%.

Figear 6: Reataichean freagairt a' Phoileis Agadsa



Faodaidh tachartasan a-muigh buaidh a thoirt air earbsa

Rinn Poileas Alba obair-rannsachaidh a nochd gum faod nithean bhon taobh a-muigh nach eil fo smachd a' phoileis buaidh a thoirt air smuaintean agus earbsa a' phobaill. Aig àm a' phandemic, bha buaidh air earbsa a' phobaill ann an obair a' phoileis ri linn atharraichean air reataichean galarachaidh COVID-19 (2020-21) gu sgìreil agus gu nàiseanta; ri linn glasaidhean ionadail (Ìre Dìona 4) agus ri linn a' ghlasadh nàiseanta san Fhaoilleach 2021.

Am measg tachartasan nàiseanta is eadar-nàiseanta air an do luaidh am poball a thaobh dligeachd a' phoileis, bha bàs George Floyd an làimh a' phoileis agus an iomairt Black Lives Matter a thàinig na lorg, fuath-bhan agus fòirneart an aghaidh bhoireannaich is chaileagan an dèidh murt Sarah Everard, triubunal Rhona Malone, agus mì-bheus foillsichte eile leis a' phoileas.

Gheibhear trì prìomh bhrosnaichearan earbsa

Tha na trì brosnachaidhean earbsa as àirde a' nochdadh gu cunbhalach thairis air buidhnean is àiteachan sluaigh, mar a fhuaras bhon anailis chàileachdail seo. Tha na brosnachaidhean seo co-eisimeileach agus gan cleachdadh airson conaltradh freagairteach, obair-phoileis sa choimhearsnachd, tachartasan agus iomairtean coiteachaidh:

- **Faicsinneachd agus Ruigsinneachd** - làthaireachd ann an sgìrean ionadail a' toirt fois-inntinn;
- **Luachan agus beusan** - dè an 'snuadh' a th' oirnn agus a' taisbeanadh cothromachd, spèis agus trèibhdhìreas; agus
- **Conaltradh coimhearsnachdail** - a' cumail ceangailte riutha agus fios ri coimhearsnachdan

Tha an anailis fhosgailte a chaidh dèanamh am broinn na seirbheis a' ceangal nam brosnachaidhean seo le nithean leithid a' toirt daoine faireachdainn sàbhailte

agus a' tabhann fois-inntinn; ruigsinneachd is faotainneachd a' phoileis ma dh'fheumar iad; agus, casg eucoir is dìon.

Earbsa co-cheangailte ri smuaintean air poileas ionadail

Tha ar n-anailis staitistigeach a' nochdadh co-dhàimhean fàbharach, làidir airson earbsa a' phobaill ann an:


- smuaintean a thaobh poileas ionadail a' dèanamh obair mhath san sgìre;
- èisteachd ri draghan muinntir an àite; agus
- dèiligeadh ri cùisean a bheir buaidh air sgìrean ionadail.

Gheibhear co-dhàimhean fàbharach, cuimseach le smuaintean gu bheil oifigearan poileis càirdeil is so-ruighinn; spèis don phoileas san sgìre ionadail; agus, faireachadh sàbhailteachd san sgìre ionadail. Chithear na nithean sa bheil co-dhàimhean fàbharach, làidir gan nochdadh a thaobh earbsa a' phobaill ann am **Figear 7** gu h-ìosal.


Figear 7: grafaichean earbsa a' phobaill

Confidence is likely to increase with perceptions of police:

- **Doing a good job in local area**
- **Listening to concerns of local people**
- **Dealing with issues affecting local areas**



Note - Correlation SPSS analysis (Pearson's correlation) was conducted to investigate the relationship between public confidence in policing and responses to other questions in Your Police survey. *r is a correlation coefficient, a statistic that indicates the strength and the direction of the relationship between variables. Values from 0 to 1 indicate a positive correlation, values from 0 to -1 indicate a negative correlation. The closer the coefficient is to 1 or -1 the stronger the relationship between variables.



A' tuigsinn earbsa a' phobaill agus crois-rathadachas

Ged a tha a' phrìomh staitistigs mu dhèanadas a' phoileis fàbharach, tha anailis ùine crois-rathadach a' toirt sealladh nas toinnte. Bho rinneadh anailis dà-chaohladair is ioma-chaohladair air sgrùdaidhean beachd a' phobaill aig Riaghaltas na h-Alba is SPA, chaidh grunn cohorts a chomharrachadh a thèid nam prìomh raointean amais don obair a tha ri thighinn.

Mar a chaidh a mhìneachadh sna h-earrainnean a leanas, tha na cohorts seo nan roinnean den t-sluagh:


- a bhios a’ nochdadh gu cunbhalach aig fìor iomallan àrda agus ìosal nam beachdan thairis air na bliadhnaichean;
- aig an robh beachdan a bha air udal eadar na fìor iomallan as àirde agus as ìsle dhen dàta thairis air na bliadhnaichean; no
- aig an robh beachdan a bha gu math eadar-dhealaichte bho an coimeasaiche.

Boireannaich nas òige (16-24) sa chumantas agus fireannaich is boireannaich nas òige (16-24) ri tìde a’ phandemic.

Tha boireannaich nas òige nas coltaiche air measadh gun robh am poileas san sgìre aca a’ dèanamh obair ‘Glè Mhath/math’ na daoine nas sine ann an SCJS 2016/17 - 2019/20 (faic **Figear 8**). Gidheadh, chaidh an treand seo air ais ann an sgrùdaidhean an Ùghdarrais, oir bha na bu lugha coltais air boireannaich nas òige (16-24) a bhith dhen bheachd seo gu cunbhalach.

Thàinig coltas gu math na bu lugha air boireannaich 16-24 gu h-àraidh a bhith a’ taghadh seo an taca ris na h-aoisean eile bho Ceum 2 (Cèitean 2020). ‘S e reata a’ Chèitein 2020 aig an Ùghdarrais de 25% airson boireannaich (16-24) an reata as ìsle àite sam bith san sreath-dàta, ged a bha an reata fireannaich (16-24) san aon sgrùdadh aig 45%.


Figear 8: Aois agus Gnè - Boireannaich (%)



A thaobh fireannaich, tha **Figear 9** a’ nochdadh gun robh luasgaidhean nas cudromaiche aig aoisean 25-34 na aoisean eile. A bharrachd air sin, tha fireannaich aois 16-24 air a bhith nas fhàbharaiche gu cunbhalach mu dhèanadas a’ phoileis an taca ri aoisean eile. Gidheadh, chunnacas luasgadh sna sgrùdaidhean Ùghdarrais, oir dh’atharraich fireannaich aois 16-24 a b’ eu-coltaiche ‘Glè mhath/math’ a thaghadh sa Ghiblean 2020 gu bhith am measg nan aoisean as fhàbharaiche sa Chèitean 2020 agus san Dàmhair 2020, a’ cromadh a-rithist gu bhith na bu mhì-fhàbharaiche sa Gherran 2021.

A thaobh nan roinnean aoise eile, chunnacas an caochladh le beachdan fàbharach aig fireannaich a' cromadh eadar Giblean is Cèitean 2020, ag èirigh eadar Cèitean is Dàmhair 2020, 's ag èirigh a-rithist (no gun atharrachadh) eadar Dàmhair 2020 is Gearran 2021.


Figear 9: Aois agus Gnè – Fireannaich (%)



Fo aois 35 (16-24 agus 25-34) sna 15% de sgìrean as easbhaidhiche

Tha an sgaradh eadar luchd-freagairt sna 15% de sgìrean as easbhaidhiche agus Alba air fad nas motha na airson aoisean nas òige, oir tha an sgaradh as motha sna h-aoisean 16-24 agus às dèidh sin sna h-aoisean 25-34 – faic **Figear 10**. Gheibhear saoradh àraidh bho seo ann an SCJS 2019/20 far a bheil an sgaradh as motha ann an aoisean 35-44, le diofar 17 puingean de cheudad eadar an fheadhainn sna 15% de sgìrean as easbhaidhiche (41%) agus an còrr (58%) – air an leantainn le 16-24 agus 25-34.


Figear 10: Diofar eadar a' chuid de 'Glè Mhath/math' eadar 15% as easbhaidhiche agus an còrr (cuid de 15% as easbhaidhiche ga thoirt air falbh bhon chòrr)



Fireannaich agus boireannaich sna 15% de sgìrean as easbhaidhiche

Tha fireannaich agus boireannaich sna 15% de sgìrean as easbhaidhiche gu cunbhalach nas mì-fhàbharaiche mu dhèanadas a' phoileis na feadhainn sa chòrr – faic **Figear 11**.

Figear 11: Gnè agus Easbhaidheachd (%)




Boireannaich aois 25-44 agus fireannaich fo 35 (16-24 agus 25-34) sa 15% de na sgìrean as easbhaidhiche

Tha boireannaich aois 25-34 sa 15% de sgìrean as easbhaidhiche air dhol gu cunbhalach nas mì-fhàbharaiche mu dhèanadas a' phoileis bho 2016/17 – faic


Figear 12. Fhuaras lùghdachadh sna h-aoisean 35-44 cuideachd bho 2017/18. Chunnacas gu h-àraidh lùghdachadh de 20 puing a cheudad airson boireannaich 35-44 sa 15% de sgìrean as easbaidhiche eadar SCJS 2019/20 agus SVTS 2020 (42% gu 22%) ged a dh'èirich beachdan fàbharach aig fireannaich sna h-aon aoisean bho 40% gu 56%.

Tha Figear 13 a' nochdadh cuideachd gun do dhlùthaich a' chuid de dh'fhireannaich aois 16-24 is 25-34 a shaoil gun robh am poileas ri obair 'Glè mhath/math' sa 15% de sgìrean as easbaidhiche an taca ris a' chòrr de dh'Alba gach bliadhna – ach a-mhàin SVTS 2020.

Figear 12: Gnè, 15% as easbaidhiche agus Aois (%)



Figear 33: Diofar eadar a' chuid 'Glè Mhath/math' fireann is boireann agus easbaidheachd a-rèir aoise (cuid de dh'aois sa 15% as easbaidhiche ga thoirt air falbh bho aois sa chòrr)



Anailis Crois-rathadach 'Am Poileas Agadsa' aig Poileas Alba

Tha earbsa ann an obair-phoileis ionadail aig ìslead ann am buidhnean deamografach bhon Scottish Index of Multiple Deprivation (SIMD) Quintiles 1 agus 2 (1 = as easbaidhiche agus 5 = as neo-easbaidhiche)

Rinn Poileas Alba anailis a fhuair gun robh na leanas am measg feadhainn as eu-coltaiche air earbsa a nochdadh:

- daoine fa leth aig an robh fèin-aithne neo-bhènearach no gnè eile;
- daoine aig an robh fèin-aithne tar-ghnèitheach;
- daoine aig an robh fèin-aithne gèidh;
- daoine air an robh eucailean bodhaig agus slàinte-intinn;
- fulangaichean agus luchd-fianais air eucoir; agus
- daoine à bailtean-mòra an coimeas ri sgìrean dùthchail is iomallach.

Bha na buidhnean seo a' gabhail barrachd cùraim mu eucoir agus cha robh iad a' faireachdainn cho sàbhailte. Rè 2020-21 bha iad na bu choltaiche saòilsinn cuideachd gum bu chòir don phoileas a bhith nas treasa airson gèilleadh a' phobaill ri riaghailtean COVID-19 a chinnteachadh.

Airson earbsa aig na buidhnean seo a mheudachadh, feumaidh am poileas tuigse air cultar is eòlasan-beatha airson dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh iomchaidh agus taiceil. An lùib seo feumar fios a chumail ri coimhearsnachdan

mu ciamar a tha poileas ionadail a' toirt èisteachd dha-rìribh do na draghan aca agus a' freagair ri eucoirean is tachartasan eile a bheir buaidh shònraichte air coimhearsnachdan iomadach. Tha e cuideachd ag iarraidh air Poileas Alba sealltainn gu follaiseach, soilleir gu bheil an t-seirbheis an-seo do dhaoine a tha air an iomall.

Tha anailis air freagairtean fosgailte san sgrùdadh Am Poileas Agadsa a' nochdadh gum bu toigh le clann is daoine nas òige gun tabhainn Poileas Alba comhairle is oideachadh mun phròiseas aithrisidh is taic a tha an tairgse dhaibh ma dh'fhuiling iad no ma chunnaic iad eucoir. Tha daoine LGBTQ a' nochdadh miann airson conaltradh seaghail leis a' choimhearsnachd agus gnìomhan gus eucoir gràine a bhacadh. Tha daoine ciorramach feumach air conaltradh ruigsinneach agus roghainnean còmhthalach, nam measg, cleachdadh leudaichte BSL, agus a' toirt freagairt do thachartasan a bheir buaidh thar na còrach air coimhearsnachdan a tha air an iomall ann am beatha na dùthcha.

Thathar ri obair leantainneach a' leasachadh an dòigh sa bheil sinn ag èisteachd agus a' freagairt ri feuman nan coimhearsnachdan as gann a chluinnear gus an urrainn dhuinn conaltradh gu h-èifeachdach ris gach coimhearsnachd anns na dòighean as iomchaidh is taiceile.

Ged a bhios earbsa a' phobaill gu tric a' luasgadh air sgàth nithean coitcheann, tha e soilleir bhon t-samplachadh chunbhalach mu obair-phoileis ionadail ann an Sgrùdadh Fèin-fhiosrachadh an Luchd-cleachdaidh gu bheil am meas aig daoine air obair-phoileis a' mairsinn cunbhalach agus àrd. Tha seo a' nochdadh ann am **Figear 14** gu h-ìosal airson àm a' Ghiblean 2020 chun a' Mhàirt 2022.

Figear 14: earbsa a' phobaill v fèin-fhiosrachadh luchd-cleachdaidh – dàta Poileas Alba

